

Comhairle na Gàidhealtachd

Cuspair Clàir-ghnòthaich	5
Àir. Aithisge	G/11/26

Comataidh: Gàidhlig

Ceann-latha: 26 Lùnastal 2026

Tìotal Aithisge: Meòrachan Tuigse Eadar Comhairle na Gàidhealtachd agus Sabhal Mòr Ostaig

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

'S e prìomh adhbhar na h-aithisge seo cunntas às ùr a thoirt do Bhuill Thaghte mun Mheòrachan Thuigse ùraichte eadar Comhairle na Gàidhealtachd agus Sabhal Mòr Ostaig (SMO). Thathar cuideachd a' cur fàilte air àrd-riochdairean bho SMO a bhios a' toirt seachad taisbeanadh a bhios a' coimhead gu sònraichte air na nithean a leanas:

- Buannachdan eaconamach SMO taobh a-staigh na sgìre ionadail.
- Na dòighean sa bheil a' Ghàidhlig, cultar, coimhearsnachd, eaconamaidh is taigheadas ag obrachadh còmhla gus taic a chur ri coimhearsnachdan seasmhach.
- Na tha SMO a' cur ri foghlam agus leasachadh sgilean.
- Mar a tha pròiseactan làithreach a' neartachadh co-obrachadh sna raointean seo, agus sùil air a' bhuidhe a th' aig obair SMO san fharsaingeachd.

1.1 Tha Comhairle na Gàidhealtachd air dàimh cho-obrachail is mhaireannach a chumail suas le SMO gus taic a chur ri leasachadh Gàidhlig, foghlam, trèanadh, rannsachadh is gnìomhachd chultarach thar raointean libhrigidh SMO.

1.2 Mar ionad nàiseanta airson Gàidhlig agus Cultar, tha dreuchd chudromach aig SMO ann a bhith a' libhrigeadh foghlam àrd-ìre is adhartach, rannsachadh, foghlam thidsearan, leasachadh a thaobh nan gnìomhachasan cruthachail agus com-pàirteachadh coimhearsnachd. Tha am Meòrachan Tuigse ùraichte a thathar a' moladh ag amas air an com-pàirteachas a dhèanamh nas foirmeile agus a neartachadh airson 2026–2029, a' toirt seachad frèam ro-innleachdail tron urrainn do Chomhairle na Gàidhealtachd agus SMO leantainn air adhart ag obrachadh còmhla gus taic a chur ri fàs is seasmhachd na Gàidhlig.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- i. toirt fa-near dhan bhuidh a tha aig SMO agus a ghnìomhan co-cheangailte a thaobh a bhith a' cur taic ri cànan is cultar na Gàidhlig agus leasachadh eaconamach;
- ii. aonta a thoirt do chothroman airson co-obrachadh leantainneach; agus
- iii. aonta a thoirt dhan Mheòrachan Thuigse ùraichte.

3. Builean

3.1 Goireas

Tha na h-iomairtean làithreach air an leasachadh taobh a-staigh nam buidseatan làithreach, ach bidh feum aig iomairtean no leasachaidhean ùra sam bith air maoineachadh a bharrachd bho shruthan maoineachaidh eile, buidhnean is com-pàirtichean air an taobh a-muigh.

3.2 Laghail

Chan eil builean ann.

3.3 Cunnart

Chan eil cunnartan sam bith ann aig an àm seo.

3.4 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) – Chan eil cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air an aithisg seo.

3.5 Gàidhlig

Builean fìor mhath a thaobh nan toraidhean a tha a' buntainn ri Sabhal Mòr Ostaig anns a' Phlana Ghàidhlig làithrich.

4. Buaidhean

4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh na Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.

4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.

4.3 'S e aithisg ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Dreachd Mheòrachan Tuigse

5.1 Tha an dreachd Mheòrachan Tuigse a' co-thaobhadh ri prìomhachasan nàiseanta is ionadail, a' gabhail a-steach:

- Plana Nàiseanta Gàidhlig 2023–2028.
- Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29.
- Prìomhachasan Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd.
- Amasan ath-nuadhachaidh eaconamach is coimhearsnachd.

- Amasan leasachaidh a' buntainn ri cultar is dualchas.
- Àrd-amasan sgìreil is nàiseanta airson Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.

Tha am Meòrachan Tuigse ùraichte ri fhaicinn ann an **Eàrr-ràdh 1**.

6. Co-theacsa Ro-innleachdail

6.1 Bidh am Meòrachan Tuigse a' neartachadh co-obrachadh gus taic a chur ris a' Ghàidhlig thar nan cuspairean uile ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29.

6.2 Coimhearsnachdan agus Dachaigh

Prìomhachas Ro-innleachdail 1.1 – Meudaich taic do luchd-cleachdaidh is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig uile, sna coimhearsnachdan aca, agus sna lìonraidhean anns a bheil iad ag obair.

- Lean air adhart a' toirt taic do, is a' meudachadh, ghnìomhan neo-churraicealach a tha air an lìbhrigeadh tron Ghàidhlig.
- Ann an co-bhann le buidhnean Gàidhlig, meudaich cothroman do sgoilearan FtG ceangal a thogail le ealain, ceòl is cultar na Gàidhlig.
- Ann an com-pàirteachas le SMO, bidh sinn a' cur air dòigh agus a' libhrigeadh pròiseact Seachdain nan Deugairean gach bliadhna.

Prìomhachas Ro-innleachdail 1.2 – Thoir seachad iomairtean gus ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh am measg dhaoine òga is theaghlaichean san dachaigh.

- Chaidh Seachdain Ionnsachadh Gàidhlig Teaghlaich a libhrigeadh ann an com-pàirteachas le SMO.

Meadhanan, Ealainean, Cultar agus Dualchas

Prìomhachas Ro-innleachdail 2.1 – Toradh nam Meadhanan is nan Ealainean Gàidhlig – cruthaich cothroman airson cur an cèill, sgilean, ruigsinneachd, com-pàirteachadh agus cruthachalachd.

- Bidh sinn a' co-obrachadh le SMO a thaobh a' Mheòrachain Thuigse a th' ann an-dràsta.
- Oobraich ann an com-pàirteachas le buidhnean ionadail agus nàiseanta eile gus taic a chur ri gnìomhan cultarach Gàidhlig air feadh na Gàidhealtachd.

Gnìomhachas agus an Eaconamaidh

Prìomhachas Ro-innleachdail 3.1 – Cleachd a' Ghàidhlig ann an gnìomhachasan is iomairtean sòisealta, agus mar stòras eaconamach ann an Alba.

- Oobraich còmhla ri buidhnean is com-pàirtichean iomchaidh a leithid Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Leasachadh Sgilean na h-Alba, VisitScotland, SMO, Alba Chruthachail, Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba, agus Bòrd na Gàidhlig gus buannachdan eaconamach cànan is cultar na Gàidhlig a thoirt gu buil.

- Obraich còmhla ri buidhnean is com-pàirtichean iomchaidh gus Sgrùdadh Buaidh Eaconamach nan Gnìomhachasan Cruthachail (Ealain) a leasachadh. Tha an gnìomh seo a' ceangal ris a' chuspair Meadhanan, Ealainean, Cultar agus Dualchas.

Foghlam

Prìomhachas Ro-innleachdail 4.1 – Lìbhrig brosnachadh is fàs leantainneach ann am FtG agus FLI aig gach ìre, a' gabhail a-steach lìbhrigeadh na Gàidhlig mar nuadh-chànan le 70%* de bhun-sgoiltean a' solarachadh Gàidhlig mar C2 agus C3 gus solar na Gàidhlig a mheudachadh thar an ùghdarrais.

- Gach bliadhna broснаich agus cùm taic ri Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-Dreuchd airson a h-uile neach a tha a' solarachadh foghlam Gàidhlig, me, Teisteanas Teagaisg a Bharrachd sa Ghàidhlig airson luchd-teagaisg àrd-sgoile, gus an urrainnear a' Ghàidhlig a leudachadh mar nuadh-chànan ann an àrd-sgoiltean.
- Cùm taic ri, agus thoir fàs air, àireamhan sgoilearan FtG sna tràth-bhliadhnaichean, sa bhun-sgoil is san àrd-sgoil, tro bhith an-còmhnaidh a' cumail sùil air àireamhan sgoilearan.
- Bidh sinn ag obair ann an co-bhann le SMO a thaobh a' Mheòrachain Thuigse làithrich, a' gabhail a-steach a bhith a' brosnachadh chothroman trèanaidh, a' toirt taic a thaobh ghreisean-gnìomhachais oileanach, a' toirt taic a thaobh mhodhan obrach ann an taghaidhean agallaimh agus co-obrachadh air pròiseactan a bhios a' cur taic ri rannsachadh is leasachadh proifeiseanta.

Ainmeachadh: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

Ceann-latha: 9 Iuchar 2026

Ùghdar: Mòrag Anna NicLeòid Mitchell

Eàrr-ràdhan: Eàrr-ràdh 1 – Dreachd Mheòrachan Tuigse Ùraichte

Memorandum of Understanding (MoU)

Between The Highland Council and Sabhal Mòr Ostaig 2026 - 2029

1. Introduction and Purpose

This revised Memorandum of Understanding (MoU) establishes a framework for collaboration between The Highland Council and Sabhal Mòr Ostaig.

Both parties share a commitment to the promotion, development, and sustainability of Gaelic, Arts, and Culture. Through this partnership, the organisations will jointly support and foster lifelong learning, education, arts, and training, contributing to the continued growth of Gaelic across education within and out with education, heritage, culture, creative industries. Also, within the remit of the Highland Council where support can be provided for Economic Development and Infrastructure.

2. Areas of Collaboration

The Highland Council and Sabhal Mòr Ostaig agree to explore and develop partnership opportunities that build upon our mutual aims, expertise, and shared interests.

These include:

- Gaelic education and lifelong learning including families
- Take account of the Areas of Linguistic Significance
- Research and knowledge exchange
- Visual arts, drama, and film
- Students
- Oral heritage and cultural traditions
- Topographical naming and place-based knowledge
- Broadcasting and digital/media platforms
- Music and wider creative industries
- Economic and infrastructure

This work will support the promotion and increased visibility of Gaelic across both educational settings, and the creative and cultural sectors including the economic and infrastructure areas.

3. Partnership Working and Governance

A joint Working Group (Committee) will be established, with members nominated by both organisations, and sub-groups according to the requirements.

The Working Group will (Committee):

- Provide strategic oversight of collaborative activity
- Identify and develop opportunities for joint initiatives
- Meet regularly to monitor progress and outcomes

- Promote achievements and future priorities
- The Working Group will develop and maintain an annual operational plan identifying agreed priorities, lead officers, key activities and intended outcomes.

4. Future Development

The Working Group will identify and recommend areas for future development. These may include:

- Jointly delivered programmes across different levels of education and training
- Collaborative research initiatives for Education
- Projects to strengthen learning Gaelic in the area
- Creative sector
- Economic developments linked to Gaelic, Cultural Heritage, infrastructure and housing

5. Resources and Sustainability

Both parties recognise that the success and sustainability of the revised MoU are dependent on the availability of appropriate funding and resources.

Each organisation will:

- Seek to support agreed activities within its available capacity
- Work collaboratively to identify and secure external funding where appropriate

6. Review and Duration

This MoU will remain in effect from the date of signing and will be reviewed annually to ensure that it remains relevant, effective, and aligned with shared strategic priorities.

7. Termination

This MoU may be:

- Terminated at any time by mutual agreement between both parties; or
- Terminated by either organisation providing 3 months' written notice

8. Status of Agreement

This Memorandum of Understanding reflects the intentions of both parties to collaborate in good faith. It does not create legally binding obligations unless otherwise agreed through subsequent project-specific agreements.

9. Signatories

Signed for and on behalf of:

The Highland Council and Sabhal Mòr Ostaig